



SABHAL  
MÒR OSTAIG

Ionad Nàiseanta Cànain is Cultar na Gàidhlig

# CUAIRT-LITIR NEWSLETTER

FOGHAR 2012 AUTUMN



# STIÙIDIO FÀS



Goireasan Riochdachaidh agus Seirbheisean  
Craolaidh Tbh anns an Eilean Sgitheanach  
[www.studiofas.com](http://www.studiofas.com) / 01471 888400



Geallaidh sinn spionnadh agus brosnachadh a thoirt tro na Meadhanan agus tron Ghàidhlig.



'S e ionad cùram-chloinne Gàidhlig a th' ann am Fàs Mòr, suidhichte aig Sabhal Mòr Ostaig. 'S e àite sàbhailte, cofhurtail, beothail a th' ann do chloinn eadar 0 - 12 bliadhna a dh'aois. Tha fàilte bhlàth ro gach pàiste is pàrant aig Fàs Mòr is nì sinn fuighair ri bhur faicinn an seo.

Tha sinn fosgailte 08.45 - 17.30 Diluain - Dihaoine.  
Fòn: 01471 888 366  
Post-d: [fasmor@smo.uhi.ac.uk](mailto:fasmor@smo.uhi.ac.uk)

Fàs Mòr is a Gaelic-medium childcare facility situated at Sabhal Mòr Ostaig. It provides a safe, comfortable and stimulating environment for children aged 0-12 years. Fàs Mòr extends a warm welcome to all children, parents and carers and we look forward to seeing you.

We are open 08.45 - 17.30 Monday - Friday.  
Phone: 01471 888 366  
E-mail: [fasmor@smo.uhi.ac.uk](mailto:fasmor@smo.uhi.ac.uk)



Seirbheisean Gàidhlig  
Iomhaigh agus margaidheachd  
Dealbhadh gràfail agus dealbh-thogail  
Dealbhadh agus leasachadh làraichean-lìn


a' bruidhinn do chainnt ”



[www.canan.co.uk](http://www.canan.co.uk)

01471 888 500 • [fios@canan.co.uk](mailto:fios@canan.co.uk)

## sealladh



Mòrag Stiùbhart

01471844708 / 07585311943 / [morag@sealladh.tv](mailto:morag@sealladh.tv)

GLEUSTA airson BBC Alba, air a chlàradh ann an goireasan FÀS

## FACAL-TOISICH BHON PHRIONNSAPAL

Chan eil duine a thadhlas air an t-Sabhal nach tig fo bhuaidh na h-àrainneachd àlainn sa bheil a' Cholaiste suidhichte ann an Slèite. Gu dearbh, tha cuid air a ràdh nach eil colaiste no oilthigh eile san Roinn Eòrpa aig a bheil làrach cho fìor tharraingeach. Tha na tha ag obair is ag ionnsachadh air an làrach mothachail gu bheil sinn da-rìribh sealbhach a bhith a' mealtainn àrainneachd cho eireachdail. Tha luchd-stùiridh na Colaiste a' miannachadh gum faigheadh barrachd is barrachd dhaoine an cothrom an àrainneachd sin a thathaich agus a bhith nam pàirt de choimhearsnachd Ghàidhlig an t-Sabhail Mhòir. 'S e sin a tha fàgail gu bheil sinn a' cur romhainn goireasan na Colaiste a leudachadh agus a leasachadh tro phròiseact na Cille Bige.

Ghabh am pròiseact sin ceum mòr air adhart san Dàmhair nuair a ghabh a' Cholaiste sealbh air faisg air 40 acair de thalamh eadar làrach Ostaig agus Bun-sgoil Shlèite. Tha seo a' ciallachadh gum faod an Sabhal leudachadh mar a bhios feum (agus maoinneachadh ri fhaighinn!) anns an àm ri teachd, nì nach robh air a bhith comasach roimhe. Am measg nan leasachaidhean a tha san amharc aig a' Chill Bhig, tha raon cluiche is ionad spòrs, togalach foghlaim, àiteachan-fuirich do dh'oileanaich, ionad cho-labhairtean is thachartasan agus taighean ùra. Tha sinn fada an comain an Urras Leasachaidh airson an ionmhais a leig leinn am fearann a cheannach agus, mar sin, leasachadh na Colaiste san àm ri teachd a bhith fo ar smachd fhèin.

Bidh sinn ag obrachadh gu dlùth le buidhnean coimhearsnachd mun Chill Bhig agus 's e ceanglaichean coimhearsnachd a tha aig cridhe pròiseact Tegola anns a bheil sinn air a bhith an sàs le Oilthigh Dhùn Èideann thairis air ceithir bliadhna. Tha an iomairt seo air leigeil le coimhearsnachdan beaga ann an Cnòideart, Loch Hourn agus na h-Eileanan Beaga seirbheis bann-leathann luath fhaighinn bhon Cholaiste agus beatha dhaoine sna h-àiteachan sin a dhèanamh mòran nas fhasa. Fhuair a' Cholaiste mòran sanasachd air telebhisean nàiseanta agus ann am meadhanan naidheachd eile ri linn cruinneachadh a chumadh an seo gus fiosrachadh mun phròiseact a sgaoileadh. Chan e mhàin gu bheil àrainneachd phrìseil againn ach tha goireasan barraichte againn cuideachd agus tha pròiseact Tegola na dheagh eisimpleir air a' bhuaidh a th' aig an t-Sabhal air an sgìre mun cuairt oirnn.

## FOREWORD FROM THE PRINCIPAL

Visitors to the College are invariably struck by the wonderful environment in which the College is situated in Sleat. Indeed, some have said that there is no college or university in Europe with such a beautiful location. All who work and study on campus are aware that we are indeed fortunate to enjoy such a marvellous environment. The College management's desire is that more and more people would get the opportunity to partake of this environment and become part of the Gaelic community at Sabhal Mòr. That is the reason why we are proposing to extend and develop the College estate through the Kilbeg project.

That project came a step closer to reality in October when the College took possession of almost 40 acres of land between the Ostaig campus and Sleat primary school. This enables the College to expand as required (and as funding allows!) in future, something that would not have been possible hitherto. The developments planned at Kilbeg include playing fields and a sports centre, an academic building, student residences, a conference and events centre and housing. We are greatly indebted to our Development Trust for providing the funds that allowed us to purchase the land and thus future-proof development of the College.

We shall be collaborating closely with community groups on Kilbeg and community links are also at the heart of the Tegola project, on which we have worked in partnership with the University of Edinburgh over a four year period. This initiative has allowed small communities in Knoydart, at Loch Hourn and the Small Isles to access high-speed broadband from the College, thus enhancing communications and life in these places. The College derived much publicity on national television and in other news media as a result of the conference held here at which information about the project was imparted. Not only do we have a priceless environment, but we have excellent facilities and the Tegola project is a fine example of the positive impact that Sabhal Mòr has on neighbouring communities.

## FACAL-TOISICH FOREWORD



Prionnsapal - Proifeasair Boyd Robasdan

## SABHAL MÒR OSTAIG A' GABHAIL SEILBH AIR FEARANN NA CILLE BIGE

D h'ainmich Neach-cathrach Bòrd Stiùiridh Sabhal Mòr Ostaig (SMO) aig Ceumnachd bhliadhna na Colaiste san Dàmhair gu bheil SMO a-nis air cha mhòr 40 acair de tholomh na Cille Bige a cheannach bho Urras Fearainn Chlann Dòmhnail (UFCD). Tha an 40 acair mar phàirt den Phrìomh Phlana airson Baile na Cille Bige, agus thèid SMO a-nis an sàs mar a' chiad bhuidheann com-pàirt ann a bhith a' toirt nam planaichean gu buil.

Bidh Ceum 1 den Phrìomh Phlana a' gabhail a-steach sheirbheisean agus bun-structar a chruthachadh dhan làrach airson nan leasachaidhean a tha ri thighinn, agus a' chiad togalach agus tha iarrtas airson a' chiad cheum dhen Phlana an-dràsta a-staigh aig Ìre 2 de MLRE (ERDF) agus tairgse airson taic-airgid bho IGE (HIE) agus Riaghaltas na h-Alba.

Fhuair am Plana làn aonta airson Cead-dealbhachaidh Farsaing sa Ghiblean am-bliadhna, às dèidh làn cho-chomhairleachaidh poblach, agus gun aon ghearan ga thogail. O chionn ghoirid, chaidh gabhail gu dùrachdach ri leasachadh Baile na Cille Bige leis an dà chuid Roinn na Gàidhealtachd agus Riaghaltas na h-Alba.

"Chan ann a h-uile latha a gheibh ionad-foghlaim an cothrom a dhol an lùib leasachadh cho sàr-shamhlachail..."

Siorraidh Ruaraidh Iain MacLeòid

Thuirte Neach-cathrach SMO, an Siorraidh Ruaraidh Iain MacLeòid, "Tha am Bòrd Stiùiridh air leth toilichte gu bheil an Sabhal Mòr a-nis ann an suidheachadh far an urrainn dhuinn a dhol air adhart leis a' phròiseact bhrosnachail lèirsinneach seo. Chan ann a h-uile latha a gheibh ionad-foghlaim an cothrom a dhol an lùib leasachadh cho sàr-shamhlachail, a fhrithéalas air feumalachdan leasachadh fearainn an t-Sabhail san àm ri teachd ach cuideachd, ann an com-pàirteachas le Urras Coimhearsnachd Shlèite, Urras Fearainn Chlann Dòmhnail agus Comhairle Choimhearsnachd Shlèite, a chruthaicheas a' chiad bhaile ùr a chaidh a thogail air a' Ghàidhealtachd ann an còrr agus ceud bliadhna. Tha UFCD airidh air moladh mòr airson am pròiseact seo a chur air adhart sa chiad àite agus tha sinn a' coimhead gun lean iad a' cur ris an leasachadh, ach bidh am pròiseact a-nis fo stiùir SMO 's am moladh aca airson Bail' Ùr Ostaig gu Coimisean nam Mìle Bliadhna ann an 1996 na ro-shealladh air leasachadh na Cille Bige."

Lean Mgr MacLeòid air, "Cha bhiodh ceannach an fhearainn air tachairt gun chuideachadh fialaidh bho Urras Leasachaidh an t-Sabhail Mhòir agus ionmhas a thàinig, tron Urras, bhon Mhaoin Ghàidhealach agus Urras na h-Aiseirigh aig Sir Iain Noble agus tha mi a' toirt buidheachas blàth agus cridheil dhaibhsan uile. Bidh cuimhneachadh nas susbaintiche orra mar a thèid an leasachadh air adhart."

## SABHAL MÒR OSTAIG TAKES OWNERSHIP OF KILBEG LAND

The Chair of the Board of Directors of Sabhal Mòr Ostaig (SMO) announced at the College Graduation ceremony in October that SMO had completed the purchase from the Clan Donald Lands Trust (CDLT) of almost 40 acres comprised in the Kilbeg Village Master Plan, and would now act as the lead partner in delivering the proposals.

The Master Plan, Phase 1 of which will involve laying in all the site servicing and infrastructure for all future development and the first building, is now the subject of a Stage 2 ERDF Application and a bid for HIE and Scottish Government funding support.

The Plan received full Outline Planning consent in April of this year, having gone out to public consultation and with no objections noted. More recently, the Kilbeg Village development gained the enthusiastic endorsement of both the Highland Council and the Scottish Government.

Sabhal Mòr Ostaig Chairman, Sheriff Roddy John MacLeod, said: "The Board of Directors is delighted that Sabhal Mòr is now in a position to take this exciting and visionary project forward. It is not every day that an institution gets the opportunity to pursue such an iconic development which will not only 'future-proof' Sabhal Mòr Ostaig's own estate development needs but will also, in partnership with Sleat Community Trust, Clan Donald Lands Trust and the Sleat Community Council, create the first new village to be built in the Highlands in more than 100 years. CDLT deserves great credit for having got this project off the ground in the first place and we look forward to their continued input to the development but the project will now be led by SMO whose own 1996 Millennium Commission proposal for 'Baile Ùr Ostaig' foreshadowed the Kilbeg development."

Mr MacLeod continued: "The land purchase has been possible only with the generous assistance of the Sabhal Mòr Ostaig Development Trust and funds derived, through the Trust, from the Highland Fund and Sir Iain Noble's Urras na h-Aiseirigh and I pay warm and grateful tribute to all of those. They will be more tangibly commemorated as the development proceeds."

"It is not every day that an institution gets the opportunity to pursue such an iconic development..."

Sheriff Roddy John MacLeod



# KILBEG

→ A UNIQUE OPPORTUNITY

## AM PRÌOMH MHNISTEAR A' TADHAL AIR SABHAL MÒR OSTAIG

Bha am Prìomh Mhinistear, Alex Salmond, aig a' Cholaiste san luchar far an do dh'fhoillsich e fios mu thaic-airgid de £130,000 airson Tobar an Dualchais agus obair fhoghlaim MG Alba tro FilmG. Bha Alasdair Friseal, fìdhlear a tha aithnichte air feadh an t-saoghail, an làthair a' teagasg air cùrsaichean goirid an t-Sabhail agus chluich e port don Phrìomh Mhinistear a rinn e airson an turas aige a chomharrachadh, air a bheil 'The Referendum'.

## FIRST MINISTER VISITS SABHAL MÒR OSTAIG

The First Minister of Scotland, Alex Salmond, visited the College in July to announce Scottish Government funding of £130,000 for Tobar an Dualchais and the educational work of MG Alba through FilmG. Alasdair Fraser, world-renowned fiddle player, was at the College as part of its short course programme and presented the First Minister with a tune he had composed for the occasion, entitled 'The Referendum' which was performed for the first time during his visit.

## ÒRAID AN T-SABHAIL 2012

Thuir Stùiriche BBC Alba Coinneach MacGuaire gum bi an dleastanas a bhios air a' BhBC naidheachdas ùghdarrasail, neo-eisimeileach agus cothromach a lìbhrigeadh a' sior fhàs nas cudromaiche ann am margadh dhùmhail nam meadhanan. A' toirt seachad Òraid Sabhal Mòr Ostaig san Eilean Sgitheanach san t-Sultain, thuir stùiriche BBC Alba gun robh na meadhanan didseatach a' sior fhàs nas iom-fhillte. Ach tha an dearbh iom-fhillteachd sin ga dhèanamh fìor dheatamach gu bheil craoladair seirbheis phoblaich air fhàgail san gabhar earbsa a chur agus a dh'aithriseas na naidheachdan gu neo-eisimeileach agus gun leth-bhreith. Thuir Mgr MacGuaire: "Tha uallach soilleir air craoladair seirbheis phoblaich a bhith a' toirt a guth fhèin do gach diofar choimhearsnachd agus bu chòir gum biodh ioma-ghnèitheachd a' sruthadh à com-pàirteachas a tha ag èirigh beag air bheag ann an comann-sòisealta deamocratach sam bith."

Thuir an t-Ollamh Boyd Robasdan, Prionnsapal Sabhal Mòr Ostaig: "Tha am BBC air a bhith na phrìomh mheadhan ann an cumail suas agus ath-bheothachadh na Gàidhlig agus a cultar agus tha fèill mhòr air seirbheisean rèidio, telebhisein agus air-loidhne a' Chaidreachais agus daoine glè thaingeil tarsainn Gàidhealtachd a tha a' fàs nas eadar-nàiseanta. Air feadh an t-saoghail, tha daoine a' toirt urram dhan BhBC agus a' cur luach air mar chraoladair agus tha e deatamach gum bi a dhreuchd mar sheirbheis phoblaich air a dhìon 's air a chur am muthad ann an saoghal cultarach, teicneòlach agus mheadhanan a tha sìor atharrachadh. Tha e air toileachas a thoirt do Shabhal Mòr Ostaig ceangal fada agus buannachdail a bhith aige le BBC Alba agus tha sinn a' cumail oirnn a' toirt seachad trèanadh sna meadhanan, rannsachadh luchd-cleachdaidh agus a' dèanamh phrògraman do BhBC Alba agus Radio nan Gàidheal."

Chaidh Coinneach MacGuaire a dhèanamh na Stùiriche air BBC Alba sa Ghiblean 2009. Air tùs à Muile 's e neach-labhairt Gàidhlig a th' ann.

"Tha e air toileachas a thoirt do Shabhal Mòr Ostaig ceangal fada agus buannachdail a bhith aca le BBC Alba agus tha sinn a' cumail oirnn a' toirt seachad trèanadh sna meadhanan, rannsachadh luchd-cleachdaidh agus a' dèanamh phrògraman do BhBC Alba agus Radio nan Gàidheal."

## SMO LECTURE 2012

The BBC's role in providing authoritative, independent and impartial journalism will become increasingly more vital in a crowded media marketplace, the Director of BBC Scotland Ken MacQuarrie has said. Speaking at the Sabhal Mòr Ostaig Lecture on the Isle of Skye in September, the BBC Scotland director said digital media is becoming ever more complex. But that very complexity makes it crucial that there remains a public service broadcaster that is a trusted communicator of impartial and independent news. Mr MacQuarrie said: "Public service broadcasting has a clear responsibility to give voice to different communities and pluralism should be a consequence of an evolved participation in any democratic society. But only publicly funded broadcasters have the motivation to deliver that vision."

Professor Boyd Robertson, Principal of Sabhal Mòr Ostaig commented: "The BBC has been a key agent in the maintenance and revitalisation of Gaelic language and culture and the Corporation's radio, television and online services are widely accessed and greatly appreciated across an increasingly international Gaeldom. Sabhal Mòr Ostaig has enjoyed a long and fruitful association with BBC Scotland and continues to provide media training, audience research and programming for BBC Alba and BBC Radio nan Gàidheal."

Ken MacQuarrie became Director of BBC Scotland in April 2009. He is a native of Mull and a Gaelic speaker.



## DUAIS EILE AIRSON FILMG

M eal-a-naidheachd air FilmG a bhuannaich an duais 'An Tachartas Cultarach as Fheàrr' aig Duaisean Tachartasan na h-Alba 2012 ann an Glaschu san t-Sultain. 'S ann gu sònraichte airson Duaisean FilmG a bha an duais seo agus bha farpais ann bho Celtic Connections agus RBS Late-Night Concerts. Thog Sarah Cruickshank, bean an taighe aig Duaisean FilmG, an duais air an oidhche as leth FilmG. Chaidh Duaisean FilmG 2012 a chumail anns an Old Fruitmarket sa Mhàrt.

## ANOTHER AWARD FOR FILMG

C ongratulations to FilmG on being awarded 'Best Cultural Event' at the Scottish Events Awards 2012, held in Glasgow in September. The award was specifically for the FilmG Awards, and competition came from the likes of Celtic Connections and the RBS Late-Night Concerts. Sarah Cruickshank, who hosted the FilmG Awards, collected the award on the night on behalf of FilmG. The FilmG Awards 2012 were held in the Old Fruitmarket in March.



## TIODHLAC BHO CALOR GAS

A nns an t-Sultain ghabh a' Cholaiste seilbh air Mazda CX-7 ùr, tiodhlac bho Calor Gas, companaidh aig a bheil dàimh gu math dlùth ris a' Cholaiste. Tha an càr a' ruith air LPG agus sin a' cuideachadh le bhith coileanadh aon de na h-amasan ann am Plana Lùghdachadh Charbon na Colaiste; 's e sin carbon dioxide a' lùghdachadh 20% ro 2015. Tha LPG cuideachd 40% nas saoire na connadh àbhaisteach. Thuirt Alistair Dodd bho Calor Scotland: "Tha sinne gu h-àraidh toilichte a bhith cumail oirnn le taic dhan Cholaiste a tha a' dèanamh uiread airson eaconamaidh an Eilein Sgitheanaich agus na Gàidhealtachd." Thuirt Donaidh Rothach, Stiùiriche Leasachaidh na Colaiste, "Tha sinne aig Sabhal Mòr air ar dòigh agus gu math taingeil airson an tiodhlaic seo bho Calor Gas, a bhios air leth feumail do dh'oileanaich agus do luchd-obrach."

"Tha sinne aig Sabhal Mòr Ostaig air ar dòigh agus gu math taingeil airson an tiodhlaic seo."

## SMO GIFTED CAR BY CALOR GAS

S abhal Mòr Ostaig took possession of a new seven-seater Mazda CX-7 in September, gifted by Calor Scotland, a company which has close links with the College. The car runs on LPG and will help meet the College's aims to reduce its carbon dioxide (CO2) emissions by 20% before 2015, as outlined in its Carbon Reduction Plan. As LPG is 40% cheaper than petrol it will also be more cost-effective to run. Alistair Todd, Area Cylinder Manager for Calor Scotland, commented: "We are particularly pleased to continue with our long running support for the college which does so much to support the Skye and wider Highland economy. SMO Director of Development Donnie Munro said: "We at SMO are both delighted and extremely grateful to take delivery of this Calor Scotland sponsored people carrier which will be immensely useful to both staff and students."



## OILEANAICH AN T-SABHAIL A' SOIRBHEACHADH AIG FÌOR ÀRD ÌRE

Bha comasan luchd-ceuma is soirbheachadh cùrsaichean Shabhal Mòr Ostaig gu mòr am follais aig Ceumnachd na bliadhna-sa le mòran de na h-oileanaich a fhuair ceum BA no MA le urram a' faighinn ceum aig a' chiad ìre no 2:1. Cuideachd am measg nan oileanach bha a' chiad trìùir a fhuair ceum le urram bhon chùrsa MA (le urram) Gàidhlig le Foghlam.

Thuir Stiùiriche an Fhoghlaim Iain Tormod MacLeòid: "'S e adhbhar moit a bh' ann gun robh 42 oileanaich uile gu lèir a' faighinn cheumannan agus theisteanasan ainmichte agus gun robh grunn luchd-ceumnachaidh air ìrean acadaimigeach barraichte a ruigsinn air a' bhliadhna a chaidh seachad. Tha sinn toilichte cuideachd gu bheil àireamhan air na cùrsaichean àrd-ìre agus na cùrsaichean goirid air a bhith a' meudachadh air a' bliadhna seo a-rithist. Aig gach ceumnachd tha cothrom ann a bhith a' comharrachadh chlachan-mìle agus toradh co-obrachadh sònraichte agus bha soirbheachadh nan oileanach a choisinn ìre urraim airson a' chiad uair air a' chùrsa Gàidhlig le Foghlam na thoileachas mòr dhuinn."

## SABHAL MÒR'S DEGREE PROGRAMME EXCELS WITH TOP-CLASS MARKS

The quality of the College's degree programme and the dedication and talent of the graduates, with many honours students achieving a first or 2:1. These included the first three students to graduate with honours from the MA (Hons) Gaelic with Education.

Director of Studies at Sabhal Mòr Ostaig, John Norman MacLeod, said: "It was a source of pride to us that a total of 42 students were awarded degrees and named certificates and that a number of the graduates had achieved exemplary academic standards in the past year. We are delighted also that numbers on the higher education courses and the short courses have increased again this year. There is an opportunity at each graduation to acknowledge mile-stones and the product of particular collaborations and the success of the students who gained the first honours awards on the Gaelic with Education course was particularly satisfying for us all."





## URRAM AIR A BHUILEACHADH AIR DITHIS SHÀR GHÀIDHEAL

Mar phàirt den Cheumnachd, chaidh an t-urram Sàr Ghàidheal a bhuileachadh air dithis air leth toilteanach a tha air obair mhòr a dhèanamh airson na Gàidhlig agus airson dualchas is coimhearsnachdan nan Gàidheal. B' iad an dithis a fhuair an duais am-bliadhna Maighstir Calum MacGillFhialain nach maireann, an sagart à Èirisgeigh a rinn an uiread don chànan is do mhuinntir nan Eilean Siar, agus a' Bhana-Sgalpach, Mòrag NicLeòid, a rinn saothair mhòr fad iomadh bliadhna aig Sgoil Eòlais na h-Alba agus i mion-eòlach air dualchas prìseil nan òran Gàidhlig.

Thuir Boyd Robasdan: "Tha an dithis air an deach inbhe Sàr Ghàidheal a bhuileachadh am-bliadhna làn airidh air an urram. Chuir Mgr Calum air adhart adhbhar na Gàidhlig agus dòigh-beatha is dualchas nan Gàidheal fad a bheatha agus gu h-àraidh sna bliadhnaichean nuair a bha e mar Iar-Neach-Gairm Chomhairle nan Eilean agus mar Chathraiche air Comunn na Gàidhlig. Tha Mòrag NicLeòid aithnichte mar shàr eòlaiche air òrain Ghàidhlig agus air an dualchas bhon do shruth iad agus tha e air leth freagarrach gun d'fhuair i an t-urram seo bho ionad a tha air a bhith cho mòr an sàs sa phròiseact Tobar an Dualchais/Kist o' Riches project, through which so much of her life's labours can be accessed online."

## SÀR GHÀIDHEAL FELLOWSHIP FOR CONTRIBUTION TO GAELIC

As part of the graduation ceremony, two well-known Gaels were awarded the Honorary Sàr Ghàidheal fellowship in recognition of the tremendous work both of them have done for the Gaelic language, culture and communities. This year's honorary fellows are the late Father Calum MacLellan, the Eriskay priest who did so much for the language and people of the Western Isles, and Morag MacLeod from Scalpay, whose work at the School of Scottish Studies on Gaelic song and tradition as a collector and lecturer is unparalleled.

Boyd Robertson, said: "Both recipients of the Sàr Ghàidheal award are richly deserving of this recognition. Fr Calum promoted the Gaelic language and the way of life and heritage of the Gael at every turn during his life and particularly during his time as Vice-Convener of the Western Isles Council and as Chair of Comunn na Gàidhlig. Morag MacLeod is an authority on Gaelic song and on the tradition from which they emerged and it is most apt that she should receive this honour from an institution that has played such a central role in the Tobar an Dualchais/Kist o' Riches project, through which so much of her life's labours can be accessed online."



# Meg BATEMAN



Thàinig mi dhan t-Sabhal trì bliadhna deug air ais à Roinn na Ceiltis an Oilthigh Obar Dheathain. Bha mi toilichte an sin, ach b' olc leam riamh litreachas (an cuspair agam) a theagasg do dh'oileanaich nach robh fhathast fileanta sa chànan. A bharrachd air sin, shaoil mi gum biodh e mìorbhailteach mo mhac òg a thogail san Eilean Sgitheanach. Nuair a ràinig sinn, chaidh esan a-steach dhan a' chiad bhliadhna sa bhun-sgoil agus thòisich mise air raon chuspairean ùra, mu dearbh-aithne agus cinnidheachd, mu fheallsanachd, eachdraidh thràth na h-eaglaise agus mu dhòighean-smaoineachaidh nam pàganach. Bidh mi a' coimhead air ais thar nam bliadhnachan agus chì mi gu bheil rudan air tighinn cruinn, gu h-àraidh nam chuid rannsachaidh. Chaidh iarraidh orm pàirt a ghabhail ann an "Uinneag dhan Àird an Iar", pròiseact-rannsachaidh eadar Oilthigh Dhùn Dè agus SMO air ealain na Gàidhealtachd bho linn na cloiche chun an latha an-diugh. Eadar an dà cheann seo, nochdaidh dualchas nan Gàidheal, agus thuit e orm fhìn agus air John Purser na dòighean lèirsinneach aca a shònrachadh, an dà chuid nan cànan agus nan ealain. Tha am pròiseact air toileachas-inntinn mòr a thoirt dhuinn agus tha e air ar putadh gu crìochan ar n-ionnsachaidh.

Tha OGE air dà fhòrladh a thoirt dhomh, a' chiad fhear gus crìoch a chur air cruinneachadh de bhàrdachd a chaidh a dhèanamh ro 1600 agus an dàrna fear gus na clàran mu dheireadh a thoirt far na h-Uinneig dhan Àird an Iar. Chan eil i buileach fosgailt' fhathast, 's mi cuideachd a' cur leabhar ri chèile air Niall MacLeòid à Gleann Dail a bhios ceud bliadhna marbh ann an 2013. Bheir an leabhar a-steach bàrdachd a bhràthar, Iain Dubh, agus athar, Dòmhnall nan Òran, agus chithear atharrachadh ann am fasanan-litreachais eadar an 18mh agus 19mh linn.

Chì mi light-show ùr gach madainn air mo shlighe dhan Cholaiste. Tha mi taingeil a bhith ag obair ann an àite cho brèagha a bh' aig uiread de dhaoine ri fhàgail air sgàth na h-obrach. Bu neònach mur robh dreach na dùthcha air èaladh a-steach dhan ath chruinneachadh de bhàrdachd agam, Transparencies, a bhios a' tighinn a-mach bho Pholygon san Iuchar, 's mi a' coimhead air cho trìd-shoilleir 's a tha ar bith, an coimeas 's dòcha ris na creagan àrsaidh mun cuairt oirnn.

I came to Sabhal Mòr Ostaig thirteen years ago from the Celtic Department at Aberdeen University. I was happy there, but always felt uncomfortable about teaching literature to students who were not fluent in the language. I also thought it would be wonderful to raise my little son in the Isle of Skye. When we arrived he went into primary one and I started on a new range of subjects concerning identity and ethnicity, philosophy, early church history and pagan beliefs.

When I look back over the years I see how everything I've learnt has come together, particularly in research. I was asked to participate in "Window to the West", a research project between the University of Dundee and SMO about the art of the Highlands from the Stone Age to the present. Between these extremes lies the high watermark of Gaelic culture, and it fell to John Purser and myself to analyse the visual thinking of the Gaels, both in language and art. The project has given us great pleasure, and has pushed us to the edge of our academic abilities.

UHI has given me two sabbatical terms, the first to finish an anthology of pre-1600 Gaelic poetry and the second, to take the last boards off the Window to the West. The window isn't quite unboarded yet, for I've also been preparing a book on Neil MacLeod from Glendale in Skye, the centenary of whose birth will be marked in 2013. The book will include the work of his brother and father, charting changes in literary fashion over the 18th and 19th centuries.

I see a new light-show every morning on my way to the College, and feel grateful to have work in this beautiful place that so many have had to leave for the sake of work. It would be strange if something of the landscape hasn't crept into my next collection of poetry, Transparencies, due from Polygon next July, that looks at the transparency of existence, perhaps in comparison to the ancient rocks all around.

## LUCHD-EALAIN AIR MHUINNIREAS AIG SABHAL MÒR OSTAIG

Màiri Anna NicUalraig  
Mary Ann Kennedy



**C**haidh Ceòladair agus Neach-ealain Lèirsinne ùr air Mhuinntireas fhadastadh le Sabhal Mòr Ostaig.

Chaidh Màiri Anna NicUalraig a thogail ann an Glaschu agus Gàidhlig aig an teaghlach aice. Chaidh i gu Acadamaidh Rìoghail na h-Alba airson Ceòl is Dràma ann an Glaschu mar neach-piàna agus rinn i a cuid rannsachaidh agus trèanadh iar-cheumnach aig a' Cholaiste Rìoghail a Tuath airson Ceòl ann am Manchester, far am b' i a' chiad chlàrsair ann an eachdraidh a fhuair teisteanas na Colaiste airson cluich aig an ìre as àirde.

Roghnaich Màiri Anna a bhith ag obair sa mhòr-chuid leis a' cheòl thraidiseanta leis an deachaidh a togail. 'S i aon den bhuidhinn bhig a choisinn an dà chuid Bonn an t-Seann Nòis agus Bonn Òir a' Chomuinn Ghàidhealach aig a' Mhòd Nàiseanta agus dà thuras tha i air an Concours International de la Harpe Celtique a bhuanachadh ann an Lorient san Fhraing. Tha i air Duais Bratach na Croise fhaighinn airson a coimisean dha Fèis na Gàidhealtachd, 'Lasair Dhè'.

Tha Mhairi Killin air tighinn am bàrr mar ghuth sònraichte ann an ealain Albannaich an latha an-diugh. Tè a tha air iomadh duais fhaighinn, nam measg Duais Leasachadh Cruthachail an CEA (SAC) ann an 2007, tha Mhairi gu cunbhalach air dùbhlann a thoirt don dòigh anns a bheil an slugh a' coimhead air modhan-obrach nan Ealain Finealta agus Ceàirde.

Cumaidh Mhairi feasgar fosgailte a h-uile mìos san stiùideo far an gabh daoine cupa tì còmhla is far an dèan iad beagan còmhraidh ri chèile. Tha seo airson luchd na colaiste, muinntir na coimhearsnachd agus an neach-ealain a dhèanamh aithnichte dha chèile agus airson leigeil do dhaoine an stiùideo fhèin fhaicinn. Airson leigeil dhàibh, cuideachd, beachdachadh air a' cheangal eadar an neach-ealain agus a' Cholaiste, agus eadar i fhèin 's a' choimhearsnachd Ghàidhlig san fharsaingeachd. Bidh iad ann air 6 An Dùbhlachd, 17 Am Faoilleach, 7 An Gearran, agus 7 Am Màrt bho 3.30-5.00f.

Bidh Mhairi cuideachd a' toirt seachad òraid aig an tachartas, 'Artists in Conversation', aig a' Cholaiste, Disathairne 24 An t-Samhain. Tha an tachartas fosgailte do luchd-ealain agus cothrom aca bruidhinn air beachdan eadar-dhealaichte, diofar dhòighean obrach agus cuideachd a' beachdachadh air ma tha/ciamar a tha luchd-ealain lèirsinneach a' toirt a-steach cànan is cultar na Gàidhlig dhan obair aca. Airson barrachd fiosrachaidh, nach cuir sibh fios gu Kath NicLeòid;

Post-d: [kl.smo@uhi.ac.uk](mailto:kl.smo@uhi.ac.uk) Fòn: 01471 888461

Tha an dà dhreuchd seo mar thoradh air a' Phrògram Luchd-ealain air Mhuinntireas agus mar a tha a' Cholaiste a' leasachadh nan Ealan Gàidhlig, agus e air a mhaoineachadh le prògram Creative Futures aig Alba Chruthachail.

## NEW ARTISTS IN RESIDENCE APPOINTED

Mhairi Killin



**A** new Musician and Visual Artist have been appointed at Sabhal Mòr.

Musician in Residence Mary Ann Kennedy was brought up in a Gaelic-speaking family in Glasgow. She studied as a pianist at the Royal Scottish Academy of Music and Drama in Glasgow and undertook postgraduate research and training at the Royal Northern College of Music in Manchester, where she was the first harpist in the college's history to be awarded its highest performance diploma.

Mary Ann has chosen to work mainly with the traditional music that has always been a part of her identity. She is one of a select band of singers to have won both the Seann-Nòis and An Comunn Gaidhealach Gold Medals at the National Mòd, Gaeldom's premier festival of language and music, and was twice winner of the Concours International de la Harpe Celtique in Lorient, France. She is the recipient of a Saltire Award for her Highland Festival commission, 'Lasair Dhè'.

Visual Artist in Residence, Mhairi Killin, has emerged as a distinctive voice in Scottish contemporary art. The recipient of many awards, including an SAC Creative Development Award in 2007, Mhairi has consistently challenged public perception of Fine Art and Craft disciplines.

Mhairi will be holding an open studio afternoon once a month where a cuppa and a conversation will be on offer. The aim of the afternoons is to open up the college's art studio and exchange thoughts on the role of an artist within Sabhal Mòr Ostaig and the wider Gaelic community. These will take place on 6th December, 17th January, 7th February and 7th March from 3.30-5.00pm.

Mhairi will also be giving a talk at 'Artists in Conversation', a network event taking place at the college on Saturday 24 November which is open to artists and will be an opportunity to exchange ideas, experience different models of practice and discuss how/if visual artists approach Gaelic language and culture in their work.

For more information, please contact Kath MacLeod;  
E-mail: [kl.smo@uhi.ac.uk](mailto:kl.smo@uhi.ac.uk) Tel: 01471 888461

The appointments have been made as part of the College's ongoing Residency Programme and Gaelic Arts development, with funding from Creative Scotland as part of its Creative Futures programme.

## MOLADH EADAR-NÀISEANTA GA DHÈANAMH AIR CÙRSAICHEAN GOIRID AN T-SABHAIL

Tha oileanaich à 22 diofar dhùthchannan air tadhal air Sabhal Mòr Ostaig as t-samhradh seo agus iad a' dèanamh aon de na cùrsaichean goirid a tha ruith eadar an Cèitean is an Lùnastal gach bliadhna. A' bruidhinn air soirbheachadh nan cùrsaichean goirid agus mar a tha iad a' tarraing dhaoine bhon a h-uile ceàrnaidh, thuirt Alasdair MacAoidh, Manaidsear nan Cùrsaichean Goirid: "Tha na h-oileanaich againn cho dìcheallach agus tha e an-còmhnaidh a' cur iongnadh orm an oidhirp a tha gach oileanach a' dèanamh airson seachdain ionnsachaidh a chur seachad aig SMO. Am-bliadhna, tha sin air a bhith follaiseach leis an àireamh a bh' againn an seo is cho pailt 's a bha na h-oileanaich a bh' againn bho thall-thairis." 'S iad na 22 dùthchannan às an tàinig daoine a rinn cùrsa goirid am-bliadhna: Ameireagaidh, Astràilia, A' Bheilg, Canada, Poblachd nan Seiceach, Sasainn, An Fhraing, A' Ghearmailt, An Òlaind, Iapan, Lugsamburg, Èirinn a Tuath, Èirinn, Nirribhidh, A' Phòlainn, An Ruis, Alba, An Spàinn, An t-Suain, An Eilbheis, An Ugràin agus a' Chuimrigh.

"Bha an cùrsa cho math sa bha mi an dòchas a bhiodh e!"

## INTERNATIONAL ACCLAIM FOR SABHAL MÒR OSTAIG'S SHORT COURSES

Students from 22 countries have attended Sabhal Mòr Ostaig's short course programme this summer which runs from May to August each year. Speaking of their success and international flavour, Short Courses Manager, Alasdair MacKay, said: "It always amazes me just how committed our students are and the effort they make to come to SMO for a week's tuition. This year, this has been evident in how popular the courses have been and the incredibly high number of international students we have had coming to study at the College." The 22 countries from which the short course students came are: America, Australia, Belgium, Canada, Czech Republic, England, France, Germany, Holland, Ireland, Japan, Luxembourg, Northern Ireland, Norway, Poland, Russia, Scotland, Spain, Sweden, Switzerland, Ukraine and Wales.

"The course was everything I hoped it would be!"



Neach-ealain Ariel Killick a rinn cùrsaichean goirid ann an dràma as t-samhradh.

Performance artist Ariel Killick who attended drama short courses in the summer.

## COTHROM A-NIS CEUM ANN AN GÀIDHLIG A DHÈANAMH AIR ASTAR

Tha Sabhal Mòr Ostaig a' tabhann gach ìre de cheum BA (le Urram) air astar airson a' chiad uair. A-nis, tha e comasach do dh'oileanaich na modalan airson bliadhnaichean 2-4 de dhà cheum BA (le Urram) a dhèanamh air astar – an ceum ann an Gàidhlig agus Leasachadh is an ceum ann an Cànan is Cultar na Gàidhlig. Tha luchd-teagaisg, le taic bho an co-obraichean ann an Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, air a bhith ag obair gus an sgeama ùr seo a dhealbhadh.

Tha na cùrsaichean a' cleachdadh an aon seòrsa siostaim sa tha na Cùrsaichean Inntrigidh is Adhartais, far a bheil oileanaich a' dèanamh feum de ghoireasan ionnsachaidh air-loidhne agus a' dèanamh chlasaichean fòn fo stiùir oide.

## SMO OFFERS BA HONOURS COURSES VIA DISTANCE LEARNING FOR THE FIRST TIME

Sabhal Mòr Ostaig is able to offer all levels of its degree programme by distance learning for the first time. It is now possible for students to complete the modules for years 2-4 of two BA (honours) degree programmes through distance learning – the degree in Gaelic and Development and the degree in Gaelic Language and Culture. Lecturers with support from colleagues at the University of the Highlands and Islands worked together to design the delivery and structure of the courses.

The distance degree programme uses similar technology and teaching methods to the Access and Advanced Courses, where students use online teaching resources and phone tutorials to guide them as they undertake their coursework.

## Aodainn na Colaiste

### Dè an t-ainm a th' oirbh?

Lisa Moyes

### Dè an obair a th' agaibh?

Tha mi ag obair mar oifigear trusaidh aig Sabhal Mòr. Seo feadhainn de na rudan a bhios mi a' dèanamh air feadh na bliadhna: bidh mi a' tadhal air àrd-sgoiltean air feadh na h-Alba agus a' bruidhinn ri sgoilearan mu chothroman agus chùrsaichean na Colaiste; a' frithealadh fèilltean dreuchd gus cùrsaichean a bhrosnachadh; agus a' cuideachadh le làithean fosgailte. Tha mi air a bhith an seo airson ochd mìosan a-nis agus tha mi a' faireachdainn gu math fortanach a bhith ag obair ann an dreuchd far an urrainn dhomh Gàidhlig a chleachdadh a h-uile latha.

### Cò às a tha sibh agus cò ris a tha e coltach?

Thogadh mi ann am Baile Màiri, faisg air Inbhir Pheofharain ann an Siorrachd Rois. 'S toigh leam am baile oir chan eil e ro mhòr is chan eil e ach 15 mionaidean à Inbhir Nis. Chuir mi seachad ceithir bliadhna aig Sabhal Mòr Ostaig, agus ceithir mìosan ann an Ceap Breatainn mar phàirt den chùrsa agam ann an Gàidhlig agus Ceòl Traidiseanta.

### Dè na cur-seachadan a th' agaibh?

'S toigh leam a bhith a' cluich, a' teagasg agus ag èisteachd ri ceòl. Tha a h-uile seòrsa ceòl a' còrdadh rium, ach tha mi uabhasach dèidheil air ceòl traidiseanta. Bidh mi cuideachd a' cluich na fìdhle ann an còmhlan-ciùil mo charaid, Roya Niclleathain - bha ise air a' chùrsa ciùil còmhla rium aig an t-Sabhal.

'S toigh leam a bhith a' siubhal do dhiofar àitean agus bu toigh leam tòrr dhùthchannan fhaicinn air feadh an t-saoghail san àm ri teachd. Tha e a' còrdadh rium a bhith a' cumail fallainn, agus bidh mi a' ruith (uill a' feuchainn!) agus a' cluich badminton aig an deireadh-sheachdain.

### Ainmich aon rud a bu toil leibh a dhèanamh airson Gàidhlig a bhrosnachadh?

Bu toigh leam sanasan dà-chànanach a bhith air bùthan is, mar sin, bhiodh a h-uile duine mothachail gur e cànan beò a th' anns a' Ghàidhlig.

## People at the College

### What is your name?

Lisa Moyes

### What is your occupation?

I work as the recruitment officer at Sabhal Mòr Ostaig. Some of the things I do throughout the year include visiting high schools across Scotland and speaking to pupils about courses and opportunities at the College. I also attend careers fairs to promote courses and help to organise open days at the College. I have been working here for 8 months now and I feel very lucky to have a job where I can use Gaelic every day.

### Where are you from and what is it like?

I was brought up in Maryburgh, just outside Dingwall in Ross-shire. I like living there as it is not too big and is only about 15 minutes from Inverness. I spent 4 years at Sabhal Mòr Ostaig and,

as part of my course in Gaelic and Traditional Music, I studied for four months in Cape Breton on the College's exchange programme.

### What are your hobbies?

I like playing, teaching and listening to music. I enjoy all sorts of music, but I am very fond of traditional music. I also play the fiddle in my friend Roya MacLean's ceilidh band - we both did the music course at the same time. I enjoy travelling and would like to explore more countries around the world in the future. I also enjoy keeping fit, and I like running (well trying!) and playing badminton at the weekend.

### Name one thing you would like to do for Gaelic?

I would like bilingual signs on shops so that everyone is aware that Gaelic is a living language.



# Calum MacAonghais

Agallamh ann an 60 dìog còmhla ri

**Ball-coise no ceòl?**

Ball-coise

**Ag òl no ag ithe?**

Ag òl

**Àird a' Bhasair no Inbhir Àir an Ear?**

Àird a' Bhasair

**Air beulaibh a' bhàir (a' cosg airgead) no air cùl a' bhàir (a' cosnadh airgead)?**

Air beulaibh a' bhàir

**Facebook no Twitter?**

Facebook

**Leabaidh no bracaist?**

Bracaist

**Beinne, Bainne no Boinne?!**

Bainne

**Ma bha thu air chall anns an fhàsaich, cò bu mhiann leat (beò no nach maireann) a bhith còmhla riut?**

Ray Mears airson mo chumail beò

**Agus mu dheireadh, dè am facal Gàidhlig as fheàrr leat?**

Taigh-seinnse - an aon fhacal a tha a' cur gàire air m' aodann.

## DUAIS MHÒR NA PÌOBA DO NEACH-OBRAICH SABHAL MÒR OSTAIG

M eal-a-naidheachd air Dr Decker Forrest, a bhuannaich Bonn Dhùn Bheagain aig Geamannan Gàidhealach an Eilein Sgitheanaich am Port Rìgh san Lùnastal. Chluich e am port, Spaidsearachd Iarla Rois. Tha seo a' ciallachadh gu bheil cothrom aige pàirt a ghabhail ann an co-fharpais 'An Fheadain Airgid' aig Caisteal Dhùn Bheagain an ath-bhladhna, an aghaidh còignear no sianar de na pìobairean as fheàrr bho air feadh an t-saoghail. Tha Decker na stiùiriche air a' chùrsa BA (le Urram) ann an Gàidhlig agus Ceòl Traidiseanta.



## SABHAL MÒR OSTAIG EMPLOYEE WINS PRESTIGIOUS PIPING PRIZE

C ongratulations to Dr Decker Forrest who won the Dunvegan Medal for Piping at the Skye Highland Games in Portree in August. He played the tune The Earl of Ross's March and the prize qualifies him for entry to the Silver Chanter MacCrimmon Memorial Competition at Dunvegan Castle next year, where he will be up against five or six of the world's best pipers. Decker is course leader of the college's BA (Hons) Gaelic and Traditional Music course.

## COTHROM IONNSACHAIDH DON ATH GHINEALACH DE STIÙIRICHEAN TELEBHISEIN

T hàinig buidheann de sgoilearan, a tha ma dh'fhaoidte gu bhith nan ath ghinealach de stiùirichean is riochdairean telebhisein, cruinn còmhla aig Sabhal Mòr Ostaig anns a' Chèitean gus a' chiad phàirt de chùrsa mheadhanan a dhèanamh, a bheir sgilean dhaibh a bhios air leth feumail do dhuine sam bith aca a tha miannachadh a dhol an sàs ann an riochdachadh telebhisein.

Tha an cùrsa, Duais Adhartais Nàiseanta (NPA) ann an Riochdachadh Telebhisein, air a libhrigeadh tron Ghàidhlig agus bithear ga chumail ann an trì cuibhreannan thar trì diofar sheachdainean agus e a' crìochnachadh as t-Earrach 2013.

Tha ochdnar sgoilearan bho Àrd-sgoil Phort Rìgh, Àrd-sgoil a' Phluic, Àrd-sgoil Mhalaig agus Àrd-sgoil Loch Abar a' dèanamh a' chùrsa.

## NEW GENERATION LEARN KEY TELEVISION SKILLS

A new generation of aspiring directors and producers gathered at Sabhal Mòr Ostaig in May to undertake the first part of a Gaelic media course which will teach them the fundamentals of making and producing television programmes.

The course, a National Progression Award in Television Production, is delivered through the medium of Gaelic and will be taught in three week-long teaching blocks which will culminate in the spring of 2013.

There are eight pupils from Portree High School, Plockton High School, Mallaig High School and Lochaber High School taking part in the course.

## RO-INNLEACHD ÙR NA COLAISTE GA FOILLSEACHADH

C haidh ro-innleachd na Colaiste 2012-2017 fhoillseachadh anns an t-Sultain. Tha an ro-innleachd a' comharrachadh mar a tha dùil togail sna còig bliadhna tha romhainn air an obair ionmholta a rinneadh sìos tro na bliadhnaichean gus a' Cholaiste a thoirt chun na h-inbhe aig a bheil i. Tha an ro-innleachd air a dhealbh gus co-fhreagradh air ro-innleachd ùr Oilthigh na Gàidhealltach is nan Eilean is air prìomhachasan an Rìghaltais agus gus a bhith mar mheadhan air cuid de dh'amasan an dàrna Plana Nàiseanta aig Bòrd na Gàidhlig a choileanadh. Tha a' Ghàidhlig aig cridhe na Colaiste agus, mar a tha a' chiad Phlana Gàidhlig aig a' Cholaiste a chaidh fhoillseachadh am-bliadhna a' cur an cèill, 's e mion-choimhearsnachd Ghàidhlig a tha ann far a bheil i na cànan làitheil agus na meadhan-obrach a bharrachd air a bhith na meadhan-teagaisg.

## STRATEGIC PLAN PUBLISHED

S abhal Mòr's Strategic Plan 2012-2017 was published in September. The plan sets out how the College plans to expand on the excellent work carried out through the years that has brought Sabhal Mòr the status it enjoys today as the National Centre for the Gaelic Language and Culture. The strategic plan is designed to complement the University of the Highlands and Islands' Strategic Plan and the Government's priorities and to assist in the implementation of some of the aims in Bòrd na Gàidhlig's second National Plan for Gaelic. Gaelic is at the very heart of Sabhal Mòr Ostaig and, as our first Gaelic Plan published earlier this year sets out, we are a microcosm of a Gaelic community, where Gaelic is the language of the workplace as well as being the medium through which students are taught.



## SGEAMA BANNA-LEATHAINN NACH EIL RO DHAOR A' TOIRT AN EADAR-LÌN GU SGÌREAN IOMALLACH

Tha dachaighean agus gnòthachais ann an àiteachan iomallach air a' Ghàidhealtachd agus an Eileanan na h-Alba a' faighinn buannachd bho chothrom air bann-leathann fìor luath, ri linn iomairt coimhearsnachd agus le cuideachadh bho Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Oilthigh Dhùn Èideann.

Tha an teicneòlas, a tha a' cur lionra fo-cheanglaichean nach eil ro dhaor gu feum a tha a' ceangal ris an eadar-lìon aig Sabhal Mòr Ostaig, a' ciallachadh gu bheil eileanan Eige, Eilean Ruma, Eilean nam Muc agus Canaidh cho math ri àiteachan iomallach air tìr-mòr na h-Alba, Cnòideart nam measg, a' faighinn ceangal eadar-lìon a tha nas luaithe na gheibhear anns a' chuid as motha de bhailtean-mòra.

Airson na cloich-mhìle seo a chomharrachadh, bha tachartas air a chumail aig a' Cholaiste san Dàmhair agus bha ùidh mhòr aig na meadhanan san sgeulachd. Bha Ruairidh Cellan-Jones, neach-naidheachd Teicneòlais airson a' BhBC, ag aithris beò bhon Cholaiste airson am prògram aca a thèid a-mach aig àm bracaist agus a-rithist air na naidheachdan nàiseanta aig am lòn.

## LOW-COST BROADBAND SCHEME BRINGS FAST WEB TO REMOTE AREAS

Homes and businesses in remote parts of the Scottish Highlands and Islands are benefiting from superfast broadband access, thanks to a community initiative which worked in partnership with the University of Highlands and Islands and the University of Edinburgh.

The technology, which makes use of a low-cost network of relays that connect to the internet at Sabhal Mòr Ostaig, has enabled the islands of Eigg, Rum, Muck and Canna and remote rural mainland areas, including Knoydart, to get access to a high-speed internet connection which is faster than in most cities.

An event to mark the project milestone was held at the College in October and attracted national media coverage, with Rory Cellan-Jones, the BBC's Technology Correspondent, broadcasting live from the College on the BBC's Breakfast TV programme and the lunchtime national news.



Cuid den luchd-obrach aig Oilthigh Dhùn Èideann, OGE agus SMO a chuidich leis an sgeama banna-leathainn. Some of the staff from the University of Edinburgh, UHI and SMO who helped set up the broadband scheme.

Mas ann air post-d a b' fheàrr leibh a' chuairt-litir fhaighinn cuiribh fios gu [litir@smo.uhi.ac.uk](mailto:litir@smo.uhi.ac.uk)  
If you would prefer to receive an electronic copy of the newsletter please email [litir@smo.uhi.ac.uk](mailto:litir@smo.uhi.ac.uk)

Dealbhan na cuairt-litreach le Mick MacNàill, Steve McKenzie agus Tempest.

Sabhal Mòr Ostaig, Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig • National Centre for Gaelic Language & Culture  
Slèite, An t-Eilean Sgitheanach, Alba IV44 8RQ • +44 (0)1471 888000 • [fios@smo.uhi.ac.uk](mailto:fios@smo.uhi.ac.uk) • [www.smo.uhi.ac.uk](http://www.smo.uhi.ac.uk)

Tha Sabhal Mòr Ostaig na chompanaidh earranta clàraichte ann an Alba, àireamh 361752. Àireamh Carthannas Albannach Clàraichte SC002578.

Sabhal Mòr Ostaig is a company limited by guarantee, registered in Scotland Number 361752. Registered charity no: SC002578.

